



## TUAIRISGEUL OBRACH

- Dreuchd:** Oifigeach Leasachaidh Gàidhlig – Taighean-Tasgaidh na Gàidhealtachd
- Uairean:** Is fheàrr cosnadh làn-ùine ach bidh sùbailteachd ann an uairean obrach airson an tagraiche ceart.
- Teirm:** 12 mìosan, a’ tòiseachadh san t-Samhain/Dùbhlachd 2022, le comas an teirm a leudachadh 12 mìosan eile.
- Tuarastal:** £27,500 sa bhliadhna le iar-aonta peinnsein agus tabhartas fialaidh siubhail.
- Stèidhichte:** Obair bhon dachaigh son mhòr-chuid, le beagan siubhail gu Geàrrloch, dhan Chomraich, Srath Pheofhair & An Gearasdan
- Aithriseachd:** Neach-tasgaidh, Taigh-tasgaidh Gheàrrloch

---

### Adhbhar na dreuchd:

Chruinnich ceithir buidhean dualchais Gàidhealach son iomairt a stèidheachadh a bhrosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a thoirt air adhart aig na h-ionadan aca agus tron obair for-ruigheachd aca. Tha na ceithir ionadan – Taigh-tasgaidh Gheàrrloch, Taigh-tasgaidh an Iar air Ghàidhealtachd, Taigh-tasgaidh chloinne na Gàidhealtachd agus Comann Eachraidheil na Comraich – air an aon ràmh a thaobh a bhith a’ taisbeanadh, a’ brosnachadh agus a’ misneachadh eachdraidh, dualchas agus caractar na Gàidhealtachd. Ag obair còmhla, tha iad a’ sireadh taic bho Oifigeach Leasachaidh Gàidhlig, a rannsachadh agus a chomharrachadh cothroman airson dòighean ùra cruinneachaidhean a libhrigeadh, a bhith a’ ceangal ri luchd-

ùidh nas eadar-dhealaichte agus cothroman cosnaidh ùra a chruthachadh, cothroman saor-thoileach agus ionmhais, le bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig tro na seirbheisean agus tachartasan a tha co-ionnan ris an adhbhar co-roinnte.

### **Prìomh ghnìomhan & Dèantasan:**

- A bhith ag obair còmhla ri na ceithir buidhnean air leth a dhealbh plana agus clàr co-chomhairleachaidh agus gnìomhan leasachaidh dhaibh uile ach le sùil air buannachdan ag èirigh à co-obrachadh.
- Dearbh ro-innleachdan agus poileasaidhean Gàidhlig sam bith a tha aig gach buidheann aig a' cheart àm, a' soillearachadh feumalachdan agus rùintean fa leth, agus obraich còmhla ri na buidhnean a' rannsachadh, a' leasachadh agus a' coileanadh builean agus teachd a-mach reusanta mar phàirt de ro-innleachdan/poileasaidhean ùra.
- Obraich còmhla ri buidhnean a rannsachadh chothroman airson cruinneachaidhean a mhìneachadh tro phrosbaig cultar na Gàidhlig agus tron Ghàidhlig.
- Leasaich na ceanglan obraich eadar buidhnean dualchais, ionadan a tha ag obair tron Ghàidhlig, ionadan foghlaim aig àrd-ìre agus ìre-adhartach leithid UHI, Sabhal Mòr Ostaig, agus buidhnean eile a' cleachdadh na Gàidhlig.
- Bheir piseach air stòras agus goireasan bhuidhnean ach an tarraing iad barrachd coluadair agus ùidh bho luchd-labhairt na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca agus cruthaich cothroman fàs tron Ghàidhlig ann am buidhnean le bhith a' cur air dòigh tachartasan stèidhichte agus sìneadh obrach.
- Misnich atharrachadh cultarail a measg agus taobh a-staigh bhuidhnean, agus broснаich na buannachdan a tha'nn a bhith an co-cheangal ri coimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidheann, ach an tèid

buidhnean fa leth a chur air stèidh nas seasmhaiche le ro-innleachdan leasachaidh.

- Obraich còmhla ri buidhnean son 'Gaisgeach Gàidhlig' a stèidheachadh agus a chuideachadh anns gach àite, ach an toir iadsan air adhart amasan son tachartasan a chur air adhart tron Ghàidhlig agus son gnothaichean dualchais a bhonntachadh ann an cultur na Gàidhlig.
- Rannsaich agus comharraich tobraichean agus stòrais ionmhais airson taic a chumail ri cothroman agus pròiseactan a' dol air adhart, a bhios a' neartachadh agus a' doimhneachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a bhith a' stèidheachadh cultur na Gàidhlig taobh a-staigh nam buidhnean sin.

#### Sònrachadh Pearsanta:

Tomhasan riatanach	Tomhasan so-iarrtach
Fìor dheagh sgilean coluadair tro labhairt agus sgrìobhadh le fileantachd an Gàidhlig, an dà chuid an còmhradh agus sgrìobhadh.	Ceum oilthighe ann an cànan, cultur agus dualchas na Gàidhlig, no cuspair co-cheangailte ri sin.
Ùidh ann am pròiseactan no iomairtean co-cheangailte ri dualchas.	Eòlas air pròiseactan no iomairtean co-cheangailte ri dualchas.
Dòigh-obrach a tha misneachail agus brosnachail ann a bhith a' foillseachadh leasachadh agus cultur na Gàidhlig.	Athainte agus eòlach air a bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh phoileasaidhean agus ro-innleachdan, a' measadh adhartais, a' comharrachadh dhùbhlain, cothroman agus fuasglaidhean a ghabhadh cur an sàs.
Eòlas air a bhith a' leasachadh cothroman son coluadar agus	

comhfhurtachd ann a bhith a' dèiligeadh agus a' ceangal ri raon de dhiofar luchd-ùidh.	
Fèin-mhisneachail le sgilean làidir dealbhachaidh agus rianachd.	
Fìor dheagh sgilean rannsachaidh agus comas a bhith ag obair gu cinnteach taobh a-staigh lìonraidhean buintineach a chomharrachadh cothroman airson taic agus cothroman ionmhais.	Eòlas agus mothachail mu dhòighean-obrach ionadail agus nàiseanta airson na Gàidhlig a thoirt air adhart agus an taic a tha ri fhaotainn airson leithid de dh'fhàs fhoillseachadh.
Fìor dheagh sgilean IT, agus comasach air innleachdan oifis Mhicrosoft a chleachdadh.	
Comasan co-obrachadh èifeachdach mar bhall de sgioba, le sgilean làidir eadar-phearsanta.	
Comasach air a bhith a' siubhal air feadh taobh an iar agus meadhan na Gàidhealtachd a dhèiligeadh ri lìonraidhean de bhuidhnean, ionadan agus buidhnean.	Tha cead-dràibhidh agus càr riatanach air sgàth 's far a bheil na ceithir taighean-tasgaidh.

## Tagraidhean:

Bu chòir ceistean sam bith mun dreuchd seo a chur chun Oll. Karen Buchanan,  
[curator@gairlochmuseum.org](mailto:curator@gairlochmuseum.org)

Bu chòir dhut litir a chur an cois an tagraidh a' mìneachadh an eòlais a th'agaibh agus cho freagarrach sa bhiodh sibh son na h-obrach, CV iomlan agus seòlaidhean airson dithis a bhiodh nan réitirean.

Bu chòir tagraidhean a chur tro phost-d gu: [curator@gairlochmuseum.org](mailto:curator@gairlochmuseum.org)

**Ceann-latha airson tagraidhean: Dihaoine 21 An Dàmhair aig 5f.**

*Tha an dreuchd seo air a mhaoineachadh ann am pàirt le Bòrd na Gàidhlig.*